Comhairle na Gàidhealtachd

Cuspair Clàir-ghnothaich	**9**
Àir. Aithisge	**G/19/26**

Comataidh:	**Gàidhlig**
Ceann-latha	**18 Samhain 2026**
Tiotal Aithisge:	**Fèis nam Meadhanan Ceilteach – Alba (A' Ghàidhealtachd) 2028**
Aithisg le:	**Iar-Àrd-Oifigear – Daoine**

1.	**Adhbhar/Geàrr-chunntas Gnìomhach**
1.1	'S e adhbhar na h-aithisge fios a thoirt do Chomataidh na Gàidhlig gu bheil a' Chomhairle air tairgse a chur a-steach gus Fèis nam Meadhanan Ceilteach a chumail ann an Inbhir Nis–A' Ghàidhealtachd san Ògmhios 2028. B' e 31 Dàmhair 2026 ceann-latha na tairgse. Thèid fios mu thoradh na tairgse a thoirt dhan Chomhairle ron Nollaig.
1.2	Tha Fèis nam Meadhanan Ceilteach am measg nam prìomh thachartasan eadar-nàiseanta, a bhios a' siubhal bho àite gu àite, agus a bhios a' comharrachadh craoladh, film, meadhanan didseatach agus susbaint chruthachail bho dhùthchannan is choimhearsnachdan le cànanan Ceilteach agus mion-chànanan. Tha conaltradh làithreach a' sealltainn gu bheil taic làidir ann bho chom-pàirtichean thar nan gnìomhachasan cruthachail, roinn na turasachd, buidhnean Gàidhlig agus buidhnean poblach. Tha an tachartas a' toirt seachd cothrom cudromach na leanas a dhèanamh: • Seall Inbhir Nis–A' Ghàidhealtachd air àrd-ùrlar eadar-nàiseanta. • Brosnaich cànan is cultar na Gàidhlig. • Neartaich cliù na Gàidhealtachd mar àite airson ùr-ghnàthachadh cruthachail is didseatach. • Thoir taic do ghnothachasan ionadail agus thoir fàs air eaconamaidh an luchd-tadhail. • Cruthaich cothroman ionnsachaidh is leasachaidh agus dìleaban do dhaoine òga is proifeiseantaich sna meadhanan. • Tog dàimhean maireannach le buidhnean sna meadhanan agus luchd-ùidhe sna gnìomhachasan cruthachail. Tha an tachartas mar as trice a' toirt còmhla chraoladairean, riochdairean, riochdairean bhon ghnìomhachas chruthachail agus luchd dèanamh cho-dhùnaidhean bho air feadh nan dùthchannan is nan roinnean Ceilteach, a' gabhail a-steach Alba, Èirinn, A' Chuimrigh, A' Chòrn, A' Bhreatainn Bheag, Galicia agus Eilean Mhanainn.

	’S àbhaist na leanas a bhith ann am pròram na fèise: • Co-labhairtean gnìomhachais • Seiseanan pannail • Seiminearan • Clasaichean maighstireachd • Fòram Eadar-nàiseanta Bheachd-smuaintean • Duaisean An Tuirc airson Sàr-mhathais. Thug Fèis nam Meadhanan Ceilteach ann am Beul Feirste seachad còrr is 20 Duais Tuirc ann am 20 earrann thar sgrion, rèidio, claisneach agus na meadhanan didseatach. Tha an tachartas a’ tarraing com-pàirteachas bho chraoladairean mòra a leithid am BBC, RTÉ, TG4, S4C, France 3 Bretagne, Virgin Media agus Televisión de Galicia. Tha oifigearan na Comhairle air fios a chur gu prìomh chom-pàirtichean is luchd-ùidhe, a’ gabhail a-steach Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean, Bòrd na Gàidhlig, High Life na Gàidhealtachd agus MG ALBA. Tha sruthan maoineachaidh is cothroman eile bhon taobh a-staigh a’ tighinn am bàrr airson co-obrachadh a neartachadh thar seirbheisean na Comhairle agus le com-pàirtichean bhon taobh a-muigh.
2.	**Molaidhean**
2.1	Thathar ag iarraidh air Buill: i. aonta a chur ris an tairgse gus Fèis nam Meadhanan Ceilteach a chumail ann an Inbhir Nis–A’ Ghàidhealtachd san Ògmhios 2028; agus ii. toirt fa-near dhan obair a chaidh a ghabhail os làimh co-cheangailte ris an tairgse, am pròiseas iarrtais agus an clàr-ama.
3.	**Builean**
3.1	**Goireas** Tha Comhairle na Gàidhealtachd a’ toirt gealltanas taic a thoirt do lìbhrigeadh Fèis nam Meadhanan Ceilteach 2028. Tha sinn cuideachd gu gnìomhach a’ sireadh maoineachadh bho phrìomh bhuidhnean com-pàirteach, a’ gabhail a-steach taic airson gnìomhachd brosnachaidh agus taic sponsaireachd. Aig an ìre seo: • thathar fhathast a’ leasachadh ghealltanasan ionmhasail mionaideach le luchd-eagrachaidh na fèise agus com-pàirtichean lìbhrigidh; • thathar a’ sgrùdadh chothroman gus maoineachadh is sponsaireachd a ghleidheadh on taobh a-muigh; agus • thathar an dùil gum bi buannachdan ionmhasail ann tro àiteachan-fuirich is aoigheachd, cleachdadh còmhdhalach, fastadh ionadan agus caiteachas luchd-tadhail san fharsaingeachd.

3.2	**Laghail** Bidh e mar riatanas air a' Chomhairle dèanamh cinnteach gu bheil: • pròiseasan riaghlachais is solarachaidh a' gèilleadh ri reachdas buntainneach agus modhan-obrach na Comhairle; • aontaidhean le luchd-eagrachaidh an tachartais, sponsairean agus com-pàirtichean lìbhrigidh air an cur ann an sgrìobhadh mar a tha freagarrach; • riatanasan a thaobh ceadachd, sàbhailteachd phoblach agus stiùireadh tachartais air an coileanadh; agus • nithean a thaobh dìon dàta agus riaghlachas fiosrachaidh air dòigh mar a tha a dhìth.
3.3	**Cunnart** • Thathar aig an àm seo a' sgrùdadh taic ionmhasail le prìomh chom-pàirtichean, mar sin cha deach na gealltanasan maoineachaidh aontachadh.
3.4	**Slàinte is Sàbhailteachd** (cunnartan a' tighinn am bàrr mar thoradh air atharrachaidhean do dh'uidheamachd, acfhainn, pròiseas no daoine) • Bhiodh seo a' leantainn a' phoileasaidh Slàinte is Sàbhailteachd làithreach.
3.5	**Gàidhlig** • Tha Fèis nam Meadhanan Ceilteach a' brosnachadh cànan is cultar na Gàidhlig air àrd-ùrlar eadar-nàiseanta, seach gun deach a stèidheachadh gu sònraichte gus cànanan, cultaran is tàlant cruthachail nan dùthchannan is nan sgìrean Ceilteach a chur air adhart. • Tha an fhèis a' daingneachadh Inbhir Nis agus a' Ghàidhealtachd mar àite a tha aithnichte airson cultar is meadhanan Gàidhlig, a' togail air dàimh eachdraidheil na sgìre leis an fhèis agus làthaireachd buidhnean mòra nam meadhanan Gàidhlig a leithid MG ALBA/BBC Radio nan Gàidheal. • Tro bhith a' toirt aoigheachd do dh'Fhèis nam Meadhanan Ceilteach, bhiodh cothrom aig Comhairle na Gàidhealtachd a gealltanasan a thaobh a' Phlana Ghàidhlig aice a thaisbeanadh, agus ceannardas a thaobh cànan is cultar, fhad 's a thathar a' cur ri fàs eaconamach, leasachadh sgilean agus misneachd coimhearsnachd san sgìre. • Tro bhith a' toirt aoigheachd dhan tachartas, chuireadh seo taic cuideachd ri Sgìrean Cànain Sònraichte, gu h-àraid nam biodh tachartasan air an cumail san Eilean Sgitheanach ann an co-bhann le Sabhal Mòr Ostaig.
4.	**Buaidhean**
4.1	Ann an Comhairle na Gàidhealtachd, tha poileasaidhean, ro-innleachdan no atharrachaidhean seirbheis uile fo ùmhlachd sgrìonadh amalaichte airson buaidh air Co-ionannachdan, Bochdainn is Còraichean Daonna, Còraichean is Sunnd Chloinne, Atharrachadh na Gnàth-shìde, Eileanan is Coimhearsnachdan Dùthchail air Tìr-mòr, agus Dìon Dàta. Far a bheil feumalachd air a h-aithneachadh, thèid measadh buaidh iomlan a ghabhail os làimh.
4.2	Tha a bhith a' beachdachadh air buaidhean na phàirt bhunaiteach den phròiseas cho-dhùnaidhean agus feumaidh seo fios a chur ris a' phròiseas cho-

	dhùnaidhean. Nuair a thathar a' tighinn gu co-dhùnadh sam bith, feumaidh Buill aire iomchaidh a thoirt do thoraidhean measaidh sam bith.
4.3	'S e aithisg ùrachaidh a tha seo agus mar sin chan eil feum air measadh buaidh.
4.3	**Measadh Buaidh Amalaichte – Geàrr-chunntas**
4.3.1	Chaidh Measadh Buaidh Amalaichte (MBA) tùsail a ghabhail os làimh agus thèid MBA iomlan a ghabhail os làimh a thaobh atharrachadh na gnàth-shìde ma bhios an tairgse soirbheachail.
5.	**Riaghlachas**
5.1	Thèid ullachaidhean riaghlachais a leasachadh agus dh'fhaodadh iad a bhith a' gabhail a-steach: • stèidheachadh buidheann-stiùiridh ioma-bhuidhne agus/no buidheann ceangail, a bhios a' gabhail a-steach buill thaghte, luchd-stiùiridh Fèis nam Meadhanan Ceilteach, oifigearan Comhairle agus/no prìomh chom-pàirtichean/luchd-ùidhe; • slighean aithris soilleir do dh'àrd-stiùirichean na Comhairle agus comataidhean buntainneach; • structaran stiùireadh pròiseict sònraichte agus ullachaidhean a thaobh cunntachalachd; • sgrùdadh cunbhalach air adhartas mu choinneamh chlachan-mìle aontaichte.
6.	**Fèis nam Meadhanan Ceilteach – Inbhir Nis 2015 agus Beul Feirste 2026**
6.1	Chaidh Fèis nam Meadhanan Ceilteach a chumail mu dheireadh sa Ghàidhealtachd ann an 2015, ann an Inbhir Nis. Bha an fhèis a' gabhail a-steach: • 19 neach-obrach is saor-thoileach • 405 riochdaire • 45 neach-labhairt Chan eil figearan rim faotainn airson nan tachartasan poblach ann an 2015. Chaidh Fèis nam Meadhanan Ceilteach 2026 a chumail ann am Beul Feirste agus bha i a' gabhail a-steach: • 22 neach-obrach is saor-thoileach • 123 riochdaire ionadail • 346 riochdaire neo-ionadail • 74 neach-labhairt ionadail is neo-ionadail • 50 tachartas lìonrachaidh air an cur air dòigh le Fèis nam Meadhanan Ceilteach • 213 tachartas poblach Dh'innis luchd-eagrachaidh Fèis nam Meadhanan Ceilteach 2026 gun robh àireamhan riochdairean is inntrigidhean sna co-fharpaisean aig ìre làthaireachd cho àrd 's a chaidh a chlàradh riamh agus gun deach na ceadan-inntrigidh air fad a reic. Tharraing an tachartas craoladairean, riochdairean is luchd-cruthachaidh bho air feadh nan dùthchannan Ceilteach is na Roinn Eòrpa san fharsaingeachd, a'

	sealltainn fàs leantainneach is cudromachd eadar-nàiseanta na fèise. Tha seo na dheagh chomharra air cho mòr ’s a dh’fhaodadh tachartas a bhith san àm ri teachd ann an Inbhir Nis. Tha Fèis nam Meadhanan Ceilteach air toraidhean a cho-roinn bhon chom-pàirtiche mhaoineachaidh aca ann am Beul Feirste 2026, agus tha seo a’ sealltainn gun do chosg gach riochdaire neo-ionadail £1021 gu cuibheasach ann am Beul Feirste, a’ gabhail a-steach àiteachan-fuirich. Bha 346 riochdaire neo-ionadail ann, le iomlan de 1038 oidhche leapa, a bharrachd air 123 riochdaire ionadail, le gach riochdaire a’ cosg £45 gu cuibheasach gach latha. Chan eil na figearan seo a’ gabhail a-steach: • Cosg dhìreach ionadail bho Fhèis nam Meadhanan Ceilteach, a’ gabhail a-steach ionad/an is uidheamachd theicnigeach • àiteachan-fuirich airson aoighean Fèis nam Meadhanan Ceilteach, a bha aig iomlan de 150 oidhche. Bha a’ chosgais dhìreach iomlan airson obrachaidhean ionadail bho Fhèis nam Meadhanan Ceilteach mu £100,000.
	Ainmeachadh: Iar-Àrd-Oifigear – Daoine Ceann-latha: 5 Dàmhair 2026 Ùghdar: Mòrag Anna NicLeòid Mitchell Pàipearan Cùl-fhiosrachaidh: